

## MUINNTIREAS DO SGRÌOBHADAIR GÀIDHLIG ÒG

Co-obrachadh eadar

Cove Park agus Comhairle nan Leabhraichean

Cinn-latha a' mhuinntireis: Diluain 4 Sultain - Didòmhnaich 17 Sultain 2023  
Ceann-latha airson Tagraidhean: Diluain 26 Ògmhios 2023 (ro mheadhan-là)



Photography by Alan Dimmick

## FIOSRACHADH PRÒGRAIM IS STIÙIREADH AIR IARRTASAN

### Geàrr-chunntas air a' chothrom

Tha am muinntireas seo ga thabhann airson an dàrna bliadhna. Is e muinntireas làn-mhaoinichte do sgrìobhadairean Gàidhlig eadar 18 agus 30 a th' anns a' Mhuinntireas do Sgrìobhaiche Gàidhlig Òg. Bidh am muinntireas dà sheachdain seo a' tachairt eadar Diluain 4 Sultain agus Didòmhnaich 17 Sultain 2023, agus gheibh an tagraiche soirbheachail tuarastal, cuibhreann siubhail is rannsachaidh, agus comhairleachadh sònraichte aon-ri-aon le sgrìobhadair Gàidhlig stèidhichte. Is e an ceann-latha airson tagraidhean Diluain 26 Ògmhios (ro mheadhan-là).

### Facal-toisich

'S e àite-còmhnaidh do luchd-ealain eadar-nàiseanta a th' ann an Cove Park, suidhichte air làrach 50-acaire air an dùthaich air costa an iar na h-Alba, mu uair a thìde gu tuath air Glaschu. Thairis air 23 bliadhna tha mu 4,000 luchd-ealain, sgrìobhadairean, luchd-rannsachaidh agus daoine cruthachail eile - ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta - air a bhith nan aoi ghean ann, is iad ag obair air a h-uile cruth ealain agus aig a h-uile ìre de na dreuchdan aca.



Photography by Alex Marrs



Photography by Alan Dimmick

Bidh sinn a' cumail taic ri luchd-ealain agus ri buidhnean co-obrachail, a' tabhann dhaibh na h-ùine agus na taice a tha a dhìth orra airson rannsachadh, deuchainnean, cruthachadh obair ùr agus co-luadar le luchd-ealain eile. Tha Cove Park a' cruthachadh co-theacsa brosnachail far an gabh beachdan-smuain ùra a leasachadh, fheuchainn agus a cho-roinn. Tha sinn airson pàirt chudromach agus riatanach a chluich ann am beatha chultarail ar dùthcha, a' ceadachadh gun tèid obair ùr-nodha a chruthachadh, a' cuideachadh le co-luadar cultarail, agus a' toirt piseach air beatha nan coimhearsnachdan air am bi sinn a' frithealadh.

A' coimhead thairis air Loch Long air Ros Neimhidh, b' àbhaist don làraich far a bheil Cove Park a bhith na pàirc ghlèidhteachais. Air pàirt den làraich tha choilltean fo rian, linnteachan agus achaidhean airson chaorach agus crodh Gàidhealach.



Photography by Tracey Bloxham/Inside Story Photography



Photography by Tracey Bloxham/Inside Story Photography

Am measg nan goireasan tha naoi bogsaichean-bathair a chaidh ath-chuairteachadh agus a sgeadachadh mar àiteachan-fuirich agus stiùidiothan, agus dà thogalach ann am fiodh darach a tha foirfe airson dhaoine a tha ag obair mar theaghlaichean no cho-obraichean. Tha an Togalach Jacobs, a chaidh fhosgladh ann an 2016, na ionad choimhearsnachd a chaidh a thogail a dh'aona-ghnothach le goireasan airson obair, thachartasan poblach, leabharlann, cidsin agus biadhlan fosgailte, agus oifisean, le dà ionad a bharrachd airson àite-fuirich agus stiùidiothan.

Faic <http://www.covepark.org/> airson barrachd fiosrachaidh mun phrògram làithreach againn, dealbhan de làrach agus goireasan Cove Park. Tha an duilleag [Ceistean Cumanta](#) againn a' freagairt cheistean coitcheann mu muinntireasan Cove Park agus ruigsinneachd.

Is e Comhairle nan Leabhraichean a' phrìomh bhuidheann ann an Alba a tha a' toirt taic do sgrìobhadairean agus foillsichearan Gàidhlig tro phrògram thabhartasan agus cothroman leasachaidh do sgrìobhadairean. Stèidhichte ann an 1968, tha a' bhuidheann a-nis na companaidh earranta agus na carthannas clàraichte agus tha i a' faighinn maoinachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig. Bhon oifis aice ann an Glaschu, tha Comhairle nan Leabhraichean a' ruith bùth leabhraichean a bhios a' reic leabhraichean Gàidhlig do luchd-ceannaich air feadh an t-saoghail, a' cur air dòigh tachartasan ùghdaran agus seiseanan leughaidh chloinne, agus ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean eile air raon de dh'iomairtean gus daoine a bhrosnachadh gus tlachd fhaighinn à litreachas na Gàidhlig. Faic <https://www.gaelicbooks.org/> airson barrachd fiosrachaidh.

## **Muinntireas do Sgrìobhaiche Gàidhlig Òg**

Tha am muinntireas seo air a mhaoineachadh le Comhairle nan Leabhraichean agus air a chruthachadh ann an co-obrachadh le Cove Park.

### **Prìomh fhiosrachadh**

- Bidh am muinntireas aig Cove Park a' tachairt eadar Diluain 4 Sultain agus Didòmhnaich 17 Sultain 2023.
- Gheibh an Sgrìobhaiche tuarastal muinntireis iomlan de £900 (£450 gach seachdain), a bharrachd air cuibhreann siubhail de suas ri £300 agus cuibhreann rannsachaidh suas ri £200.
- Gheibh an Sgrìobhaiche ceithir seiseanan comhairleachaidh aghaidh-ri-aghaidh còmhla ri sgrìobhadair Gàidhlig stèidhichte. Tha am pròiseact a' pàigheadh airson seo.
- Bidh am muinntireas a' gabhail a-steach tachartas aig Cove Park air an dàrna sheachdain, agus aontachaidh an Sgrìobhaiche, Cove Park agus Comhairle nan Leabhraichean cruth agus farsaingeachd an tachartais seo.
- Tha na muinntireasan air an dealbhadh gus taic a chumail ri cruthachadh obair ùr, rannsachadh agus tionnsgalachd.
- Cumaidh sgioba Cove Park taic ri rannsachadh agus riatanasan practaigeach ro agus rè a' mhuinntireis.

### **Na tha Cove Park a' toirt seachad**

- Àite-fuirich/àite-obrach prìobhaideach fa leth air an làraich aig Cove Park.
- Àite-obrach agus àite coinneachaidh taobh a-staigh Togalach coitcheann Jacobs, anns a bheil leabharlann cuideachd, seòmar ruith-thairis mòr le làr fiodha, cidsin is àite-ithe plana fosgailte, agus goireasan nigheadaireachd.
- Cothrom gun chrìoch air an làraich 50-acair.

### **Cò as urrainn tagradh a dhèanamh, mar a nithear tagradh, pròiseas gearr-liosta agus taghaidh**

Airson a bhith airidh air roghainn, feumaidh tu a bhith nad sgrìobhaiche Gàidhlig eadar 18 agus 30 bliadhna a dh'aois a tha stèidhichte ann an Alba.

## **Faodar tagraidhean a chur a-steach tron fhoirm tagraidh air-loidhne.**

### **Feumaidh na leanas a bhith san Fhoirm Iarrais:**

- D' ainm agus fios conaltraidh.
- Aithris sa Ghàidhlig (500 facal no nas giorra) a' toirt cunntas goirid air an obair làithrich agad an-dràsta agus air carson a bhiodh ùidh agad anns a' chothrom muinntireis agus meantoraidd seo.
- An Cunntas-beatha agad, a' gabhail a-steach ainmean agus fiosrachadh conaltraidh aig dithis luchd-teisteanais proifeiseanta, bho thidsear, oide, neach-fastaidh, mar eisimpleir (cha chuir sinn fios chun luchd-teisteanais agad ach a-mhàin ma thèid do thagraidh a chur air a' gheàrr-liosta airson agallamh).
- Liosta de na h-eisimpleirean de dh'obair a tha thu a' toirt dhuinn.

### **Luchdaich suas na sgrìobhainnean no an stuth-taic a leanas anns an Fhoirm Tagraidh:**

- Rosg, 500 facal no nas lugha (gun a bhith nas fhaide na 2 dhuilleig). Bàrdachd, suas ri 4 dàin (gun a bhith nas fhaide na 4 duilleagan). Faodaidh tu rosg no dàin Beurla a chur a-steach mar eisimpleir den obair agad, ach dèan cinnteach gu bheil co-dhiù 50% den stuth-taic agad sgrìobhte sa Ghàidhlig.

Gabhaidh sinn ri tagraidhean ann an cruth claisneachd no bhidio nam b' fheàrr leat sin seach iartras sgrìobhte. Ma tha thu den bheachd gu bheil ciorram ort, innis dhuinn a bheil atharrachaidhean reusanta sam bith a dhìth air a' phròiseas tagraidh a bhiodh na chuideachadh dhut. Ma tha thu airson bruidhinn air seo, no ma tha feum agad air cuideachadh le bhith a' dèanamh an tagraidh agad, cuir fios gu Rìochdaire Phrògraman is Conaltraidh Cove Park, [Alex Marrs](#) gu dìreach.

### **Bidh cuireadh do dh'agallamh stèidhichte air na slatan-tomhais a leanas:**

- Càileachd do bheachdan agus do chuid obrach.
- Carson a tha feum agad air ùine fhada de rannsachadh is leasachadh, agus na h-adhbharan a th' agad airson cur a-steach airson a' phrògram seo.
- An ùidh a th' agad ann a bhith ag obair taobh a-staigh coimhearsnachd de luchd-ealain.

### **Ceann-latha airson tagraidhean: Diluain 26 Ògmhios 2023 (meadhan-là)**

Leigidh sinn fios gun d' fhuair sinn an tagradh agad cho luath 's a gheibhear e. Bidh ceangal san fhios-freagairt againn ris an fhoirm sgrùdaidh Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhail gun urra againn. Bhiomaid nur comain nan lìonadh sibh seo. Mura faigh thu am fios-freagairt seo, cuir fios gu Cove Park gu dìreach gus dearbhadh gun d' fhuaras an tagradh agad.

Nithear geàrr-liosta de na h-iarritasan airson agallamh le Cove Park agus Comhairle nan Leabhraichean.

Thèid fios a chur chun a h-uile tagraiche an deach an tagradh aca a chur air a' gheàrr-liosta airson agallamh ro Dihaoine 30 Ògmhios 2023. Thèid agallamhan a chumail tro Zoom san t-seachdain a' tòiseachadh Diluain 3 Iuchar 2023. Air a' phannal agallamh bidh buill de sgiobaidhean Cove Park agus Comhairle nan Leabhraichean.

## **Beusalachd Choimhearsnachd Cove Park**

Tha Cove Park ag amas air àrainneachd shàbhailte bhrosnachail a thabhann don a h-uile duine, agus air cuir às do leth-bhreith stèidhichte air cinneadh, bun-stèidh nàiseanta no cinneachail, dath craiceann, inbhe saoranachd, inneach no stoidhle fuilte, gnè, comhair ghnè, gnèithean, taisbeanadh gnè, aois, creideamh no cràbhadh, cànan, comas, niùro-iomadachd, slàinte corporra agus inntinn, inbhe sòiseo-eaconamach, bun-stèidh foghlaim, inbhe leatromais no pàrantachd, inbhe pòsaidh no compàirteachas sìobhalta, inbhe in-imriche, agus comharraidhean cultarach agus/no tatùthan air sgàth deas-ghnàth creideimh bho chleachdaidhean ro-cholòinidheach. Tha e do-sheachanta gun atharraich cainnt, abairtean agus briathran, agus bidh e fa-near do Chove Park an liosta seo ùrachadh gu cunbhalach - agus cho tric 's a bhiodh e iomchaidh - le ar coimhearsnachdan ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

## **Dìon Dàta**

Bi mothachail gun cùm sinn tagraidhean gu h-eileagtronaigeach fad bliadhna. Cha tèid an dàta a tha an cois an tagraidh agad a chleachdadh airson adhbhar sam bith eile ach a-mhàin geàrr-liostadh, ruith agus tomhas air a' phrògram. Cha toir sinn fiosrachadh mud dheidhinn do treas partaidh sam bith gun chead bhuat.

B' fheàrr leinn gun a bhith a' faighinn tagradh tron phost. Ach ma tha thu airson stuth a bharrachd, leithid chatalogan, a chur thugainn leis an tagradh agad, cuir iad don t-seòladh gu h-ìosal. Ma tha thu ag iarraidh an stuth seo air ais, cuir cèis-litreach na chois le do sheòladh-puist agus stampa air.

## **Young Gaelic Writer Residency 2023**

**Cove Park, Peaton Hill, Cove, Argyll and Bute, Scotland G84 0PE**

### **Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu:**

Alex Marrs, Programmes & Communications Producer

01436 850500

[alex@covepark.org](mailto:alex@covepark.org)

[www.covepark.org](http://www.covepark.org)